

STPR 2 – DREACHD AITHISG GHEÀRR-CHUNNTAIS

Còmhdach

Sgrùdadh Phròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail

A' dìon ar gnàth-sìde is a' leasachadh bheathan

Aithisg Gheàrr-chunntais

20 Faoilleach 2022

Jacobs AECOM

Clàr-innse

1 Ro-ràdh

2 Dè th'ann an STPR2?

3 Ciamar a chaidh molaidhean STPR2 a leasachadh?

4 Molaidhean

- A' leasachadh bun-structar siubhail èasgaidh
- A' stiùireadh taghaidhean is giùlanan siubhail
- A' leudachadh ruigsinneachd còmhdhail poblaich neo-chosgail
- A' dì-charbonachadh còmhdhail
- A' leudachadh sàbhailteachd is seasmhachd air an lìonra còmhdhail ro-innleachdail
- A' neartachadh cheanglaichean ro-innleachdail

5 Tha ur fios-air-ais cudromach

1. Ro-ràdh

Tha fios againn air àite riatanach còmhdhail n-ar beatha làitheil. Bheir ar lìonraidhean còmhdhail cothrom dhuinn air foghlam, obraichean, is cùram-slàinte is 's e ceangal riatanach a th' unnt ann a bhith a' solarachadh ar bathar is seirbheisean.

Seo àm atharrachaidh do chòmhdhail. Tron phandemic tha sinn uile air smaoinichadh barrachd mu ar dòighean siubhail is, ann an gu leòr àitichean, tha sinn air atharrachaidhean a dhèanamh. An luib seo tha barrachd obair bhon thaigh, ìmpidh air tursan coiseachd is rothair ionadail, is atharrachaidhean cudromach do ar lìonraidhean còmhdhail poblach. Tha sinn cuideachd an luib atharrachaidhean nas fhad-ùine is teicneòlas gu h-àraid gu tur ag atharrachadh mar a tha sinn beò, ag obair is a' cluich, is a' cuideachadh ar càraichean, busaichean is trèanaichean a ghluasad gu cabhlaichean dì-charbonach.

'S e ro-innleachd son atharrachadh a th' anns an dara Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta (NTS2). Aithinichidh i àite riatanach còmhdhail gus lùghdachadh neo-ionannachd, lìbhrigeadh fàs eaconamach ion-ghabhalach, leasachadh ar slàinte is soirbheas, is dèiligeadh ri èiginn na gnàth-side. Aig cridhe na Ro-innleachd tha aithne gu feum sinn lìbhrigeadh giùlan gu tur eadar-dhealaichte is roghainnean siubhail tarraingeach, neo-chosgail, ruigsinneach, is seasmhach a sholarachadh. Tha na gnìomhan gus NTS2 a thoirt air adhart air am mìneachadh sa phlana lìbhrigidh bhliadhna.

Gus ar eimiseanan carboin a chothromachadh ro 2045, pàirt riatanach de phoileasaidh Riaghaltas na h-Alba gus dèiligeadh ri staing na gnàth-side, tha atharrachaidhean cudromach a dhith sna roghainnean còmhdhail againn uile a thuilleadh air an lìonra is na cothroman còmhdhail a stiùireas ar taghaidhean. Ag aithneachadh seo, tha Riaghaltas na h-Alba dealasachadh cilemeatairean càr a' lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030*, is o chionn ghoirid chaidh am Mapa Slighe fhoillseachadh a' mìneachadh gnìomhan a thèid a thoirt gus seo a choileanadh ag aideachadh nach bidh adhartasan teicneòlais nan aonar gu leòr son seo a choileanadh.

Aig meadhan a' phlana lìbhrigidh tha an dara Sgrùdadh Phròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (STPR2). Tha toraidhean an sgrùdaidh trì bliadhna seo a' toirt aire do na dùbhlain air am mìneachadh os cionn le bhith ag aithneachadh ciamar is càite a bu chòir ar lìonraidhean còmhdhail atharrachadh gus brosnachadh barrachd:

- tursan goirid làitheil a dhèanamh le coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd;
- tursan ùine ghoirid neo meadhanach a dhèanamh le còmhdhail poblach;
- tursan nas fhaide a dhèanamh le còmhdhail poblach is carbadan eimisein ìsle.

Seasaidh na roghainnean seo air bun-stèidh rangachd tasgaidh seasmhaich NTS2 a bhios n-ar fòcasadh an toiseach air:

- a' lùghdachadh an t-iarrtas airson siubhail neo-sheasmhaich, an uair sin
- a' glèidheadh is gu sàbhailte ag obrachadh mhaoinean làithreach, an uair sin
- a' dèanamh feum nas fheàrr de chomas làithreach, is mu dheireadh
- leasachaidhean bun-structair cuimsichte.

Le bhith a' fòcasadh tasgadh air roghainnean còmhdhail seasmhach do dhaoine shònraichte, teaghlaichean, coimhearsnachdan is gnìomhachasan, nì molaidhean an STPR2 e nas fhasa cothrom fhaighinn air lìonraidhean is siostaman còmhdhail a dh'fheumas Alba gus coinneachadh ri dùbhlain is atharrachaidhean na h-ath 20 bliadhna.


2. Dè th' ann an STPR2?

Ann an 2019, thòisich Còmhdhail Alba, buidheann chòmhdhail nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, an dara Sgrùdadh Phròiseactan Chòmhdhail Ro-innleachdail, sa chiad sgrùdadh air fhoillseachadh an 2008. Cuidichidh e le libhrigeadh na lèirsinn, prìomhachasan is toraidhean mìnichte san dara Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta.

Cuiridh an sgrùdadh seo de dhèanadas an lìonraidh chòmhdhail ro-innleachdail fios ri tasgadh còmhdhail an Alba san ath 20 bliadhna (2022-2042) le bhith a' toirt mholaidhean le fianais air an urrainn Ministearan Albannach stèidheachadh taghaidhean tasgaidh còmhdhail teachdail.

Meòraichidh STPR2 feumalachdan còmhdhail muinntir na h-Alba, is coimheadaidh e ri siubhal èasgaidh (coiseachd, cuibhleadh, rothaireachd), bus, aiseag, rèile is mòr-rathadan is prìomh-rathadan còmhla ri inntrigeadh luchd-siubhail is frachd do phrìomh phuirt is puirt-adhair. Tha na feumalachdan seo air an sgrùdadh bho sheallaidhean nàiseanta is sgìreil mar aithne air an cruinn-eòlasan, pàtrain siubhail is iarrtasan eadar-dhealaichte.

Fig 1 – Sgìrean FTPR2



Tha amasan STPR2 cunbhalach air feadh Poileasaidh Riaghaltas na h-Alba. Buinidh iad ris na cuspairean seo:

- gnìomhach a thaobh na gnàth-side
- a' toirt aire do neo-ionnanachdan & ruigsinneachd
- a' leasachadh slàinte is soirbheas
- a' taiceadh fàs eaconamach seasmhach is ion-ghabhalach is
- a' fàs sàbhailteachd & tapaidheachd.

Le bhith a' toirt aire do na cuspairean seo, nì seo cinnteach gu bheil molaidhean STPR2:





- taobhach ri planaichean poileasaidh, libhrigidh is tasgaidh buntainneach Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh coileanadh am prìomhachasan
- a' cuideachadh coileanadh prìomhachasan a' Phlana Chòmhdhail Nàiseanta is a' Phlana Lìbhrigidh
- a' coinneachadh amasan is adhbhar aithriseil STPR2.



Bheir STPR2 sealladh de thasgadh chòmhdhail, sa mhòrchuid bun-structar is molaidhean atharrachaidh ghiùlain eile, a dh'fheumas gus libhrigeadh prìomhachasan na Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta is amasan an Sgrùdaidh. San uamhas chùisean togaidh na molaidhean air tasgadh fa leth is taghaidhean poileasaidh sna bliadhnaichean mu dheireadh, ach tha na molaidhean san fharsaingeachd a' cur am follais lèirsinn, prìomhachasan is toraidhean na Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta is gealltainnean am Plana Lìbhrigidh aice. Am-measg nan tasgadh còmhdhail eile nach eil fo bhratach STPR2 tha glèidheadh làitheil is leasachaidhean geallta mhòr- is prìomh-rathadan; obraichean, glèidheadh is ùrachadh an lìonraidh rèile; is maoineachadh teachd-a-steach son seirbheisean còmhdhail phoblach.

Chan eil prìomhachasan sònraichte anns an dreachd mholaidhean, is gach pàirt riatanach gus dèiligeadh ri feumalachdan iom-fhillte ar dùthaich. Chan e a bharrachd dleastanas Còmhdhail Alba a-mhàin a th' ann libhrigeadh na molaidhean seo is feumaidh gu leòr obrachadh le compàirtichean gus an toirt air adhart. Ach, le bhith a' cur iad seo an luib STPR2, tha Còmhdhail Alba air dearbhadh a dhealas gus taiceadh is obrachadh an compàirt le càch gus leasachadh is libhrigeadh.

Tha STPR2 a' taisbeanadh Cùise Gnothachais Ro-innleachdail nam moladh. As deidh na h-ìre co-chomhairleachaidh seo, 's e an ath ìre leasachadh a bharrachd de na molaidhean, a' toirt Cùisean Gnothachais nas mionadaiche gus fios a chur ris a' phròiseas taghaidh tasgaidh. Cuiridh iad seo fios ri cosgadh teachdail Riaghaltas na h-Alba mar phàirt den phrògram thasgaidh chòmhdhail air fad. Mar sin, fhad 's a ghluaiseas leasachadh is obair chùisean gnothachais air adhart, dh'fhaodadh gum bi pròiseactan nan dleastanasan le maoineachadh is prògram libhrigidh. Neo dh'fhaodadh gum tèid a cho-chùnadh nach e moladh prìomhachas son tasgadh neo gur e àrd phrìomhachas a th'ann.

Figear 2 – Tha còig prìomh amasan aig STPR2

<p>Prìomh Amasan</p> 	<p>Tha STPR2 taobhach is taiceil ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>Coinnichidh STPR2 prìomhachasan na dara Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta (NTS2)</p>	<p>Cuiridh STPR2 am follais Rangachdan Thasgaidh Sheasmhach NTS2</p>	<p>Coinnichidh STPR2 Amasan Planaidh Còmhdhail gus libhrigeadh</p>	<p>Coinnichidh molaidhean STPR2 adhbhar aithriseil gus</p>
 <p>Gnìomhach a thaobh na gnàth-side</p>	<p>Ùrachadh Plana Atharrachadh na Gnàth-side (2020) & Mapa Slighe a' cuimseachadh air cothromachadh carboin ro 2045 is lùghdachadh de 20% an km càr ro 2030</p>	<p>Gnìomhach a thaobh na gnàth-side</p>	<p>Lùghdachadh am feum son siubhal neo-sheasmhach</p>	<p>Siostam còmhdhail seasmhach a chuireas ri neoni eimiseanan</p>	<p>Cruthaich comas-ceangail nas fheàrr le roghainnean còmhdhail seasmhach, glic is nas glaine</p>
 <p>A' toirt aire do neo-ionannachdan is ruigsinneachd</p>	<p>A' libhrigeadh Eadar-ghluasad Ceart gu cothromachadh carboin ann an dòigh a libhrigeas ceartas is a dhèiligeas ri neo-ionannachd Dèiligeadh ri Bochdainn Chloinne</p>	<p>Lùghdachadh neo-ionannachdan</p>	<p>A' cur ri taghadh is cothrom air siubhal èasgaidh is còmhdhail phoblach</p>	<p>Siostam còmhdhail ion-ghabhalach a leasaicheas reusantas prise/ruigsinneachd còmhdhail poblaich</p>	<p>Leasaich ruigsinneachd do luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail is gnothachas</p>
 <p>A' leasachadh slàinte is soirbheas</p>	<p>Adhar nas Glaine do dh'Alba 2 (2021) & Plana Libhrigidh - Libhrigidh molaidhean STPR2 barrachd leasachaidhean càileachd adhair</p>	<p>Leasachadh ar slàinte is soirbheas</p>	<p>Prìomhachas air a thoirt do choiseachd is cuibhleadh, an uair sin rothaireachd</p>	<p>Siostam còmhdhail leantalach a chuireas ri coimhearsnachdan is àitichean – a' taiceadh slàinte/soirbheas</p>	<p>Cruthaich comas-ceangail nas fheàrr le roghainnean còmhdhail seasmhach, glic is nas glaine</p>

<p>Priomh Amasan</p> <p>▼</p>	<p>Tha STPR2 taobhach is taiceil ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>Coinnichidh STPR2 prìomhachasan na dara Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta (NTS2)</p>	<p>Cuiridh STPR2 am follais Rangachdan Thasgaidh Sheasmhach NTS2</p>	<p>Coinnichidh STPR2 Amasan Planaidh Còmhdhail gus libhrigeadh</p>	<p>Coinnichidh molaidhean STPR2 adhbhar aithriseil gus</p>
<p> A' taiceadh fàs eaconamach ion-ghabhalach</p>	<p>Plana Tasgaidh Bun-structair (2021-2026) - mineachadh co-theacsa son tasgadh còmhdhail teachdail gus libhrigeadh freagairt èifeachdach gu staing COVID-19 is atharrachadh na gnàth-side.</p> <p>Dreachd a' Cheathraimh Lìonraidh Planaidh Nàiseanta (NPF4) - a' toirt cothrom a bhith a' cur an stèidh cudromachd "àite" ann am planadh cleachdaidh-fhearainn is còmhdhail.</p>	<p>Cuideachadh libhrigeadh fàis eaconamaich ion-ghabhalaich</p>	<p>A' dèanamh feum nas fheàrr de chomas làithreach</p>	<p>Siostam còmhdhail amalaichte a chuireas ri fàs seasmhach ion-ghabhalach</p>	<p>Dèan comasach is taicich fàs eaconamach.</p> <p>Leasaich ruigsinneachd do luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail is gnothachas</p>
<p> A' fàs sàbhailteachd is tapaidheachd</p>	<p>Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 is Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaidean na h-Alba gu 2030</p>	<p>Fàs sàbhailteachd an t-siostaim chòmhdhail is coilean targaidean lùghdachaidh leòintich</p>	<p>Glèidh is obraich maoinean làithreach gu sàbhailte</p>	<p>Siostam còmhdhail earbsach is tapaidh – sàbhailte is tèarainte do luchd-cleachdaidh</p>	<p>Leasaich ruigsinneachd do luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail is gnothachas</p>


3. Ciamar a chaidh molaidhean STPR2 a leasachadh?

Tha pròiseas STPR2 a' leantainn Stiùireadh Measaidh Chòmhdhail Albannaich (STAG), dòigh-stèidhichte stèidhte air fianais son trioblaidean is cothroman aithneachadh, amasan còmhdhail a thogail gus dèiligeadh leotha is roghainnean atharrachaidh don t-siostam chòmhdhail a chruthachadh, sìoladh is measadh.

Bha com-pàirteachadh le luchd-ùidhe air feadh na dùthcha riatanach gus fios a chuir ri STPR2 le tachartasan is suirbhidhean fosgailte don phoball aig prìomh ìrean tron sgrùdadh. Gus an sgrùdadh a stiùireadh ann an sgìrean STPR2 is obair chom-pàirteachail a thaiceadh, chaidh Buidhnean-obrach Còmhdhail Sgìreil a chruthachadh le ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan pàirc nàiseanta is com-pàirtichean còmhdhail sgìreil.

An toiseach, chaidh mu 14,000 beachd coimeasaichte a sgrùdadh, a' cruthachadh liosta fhada de 2,800 roghainn. Lean co-obrachadh, sìoladh, daingneachadh is sgrùdadh a bharrachd ri 1,400 roghainn fa leth cruinnichte ann an 80 seòrsaichean roghainn coltach airson measadh.

Figear 3 – Com-pàirteachadh STPR2




Mheòraich na slatan-tomhais measaidh na h-Amasan is còig slatan-tomhais STAG gus togail na pròiseactan as fheàrr. Cunntaidh na slatan-tomhais cuideachd riosgan, mì-chinnt is factaran eile leithid cosgais, comas libhrigidh is taitneachd fharsaing nan roghainnean. Bidh iad seo nan cùisean cudromach leis an uallach a th' air cosgaisean poblach.

Tha am pròiseas measaidh son STPR2 cuideachd a' toirt aire de phrìomhachasan poileasaidh riaghaltais. Mar eisimplir:

- chaidh dearbhadh a chuir an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean STPR2 a' cur ri libhrigeadh a' phrìomhachais “Gnìomhach a thaobh na Gnàth-side” aig an Ro-innleachd Chòmhdhail Nàiseanta 2 agus dleastanasan cothromachaidh charboin nas fharsainge
- chaidh gach roghainn meòraichte am broinn STPR2 a mheasadh a thaobh a shuidheachadh am broinn Rangachdan Siubhail is Tasgaidh Seasmhach NTS2: Tha iad seo a' toirt prìomhachas do:
 - coiseachd, cuibhleadh, rothaireachd is còmhdhail phoblach air thoiseach air tursan càr phrìobhaidich
 - a' lùghdachadh feum siubhail neo-sheasmhaich ro cheuman bun-structair cuimsichte.


Figear 4 – Rangachdan Siubhail is Tasgaidh Seasmhach



Tha sgòp tùsail STPR2 air a leasachadh gus aire a thoirt do phandemic COVID-19. Chaidh aithisg ìre 1 fhoillseachadh sa Ghearran 2021 le fòcas air na gnìomhan as urrainn gabhail san ath chòig bliadhna a chuidicheas siubhal seasmhach fhàs is a thoirt air adhart gus taic a thoirt do ath-shlànachadh eaconamach. Tha an aithisg mu dheireadh a' gabhail a-steach is a' gabhail thairis nam moladh ìre 1 is a' buntainn ris an ùine eadar 2022 is 2042. Cruthaichidh freagairtean maireannach ris a' phandemic, leithid obair bhon thaigh, tomhas de mhì-chinnt a thaobh pàtrain siubhail teachdail, ach cuideachd cothroman son barrachd cleachdaidh de shiubhal sheasmhach. Dh'aithnich an sgrùdadh a' mhì-chinnt seo is rinn e cinnteach gu bheil tomhas sùbailteachd ann gus leigeil le molaidhean sònraichte a bhith air an sgrùdadh neo atharrachadh fhad 's a dh'fhàsas pàtrain siubhail nas soilleir.

Nì Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA) reachdail cinnteach gun tèid a' bhuaidh àrainneachd a dh'fhaodadh a bhith aig pròiseactan còmhhdail a mheòrachadh. Chaidh measaidhean buaidh cuideachd a dhèanamh a thaobh ghnòthaichean leithid ionnanachdan, soirbheas cloinne is coimhearsnachdan eileanach gus tomhas mar as urrainn buaidh mhath a bhith aig STPR2 air buidhnean san t-sòisealtas.

Figear 5 – Geàrr-chunntas Pròiseas Leasachaidh STPR2



4. Molaidhean

Tha molaidhean STPR2 cruinnichte fo sia chuspairean:






- A' leasachadh bun-structair shiubhail èasgaidh
- A' stiùireadh taghaidhean is giùlanan siùbhail
- A' fosgladh cothrom air còmhdhail phoblach neo-chosgail
- A' dì-charbonachadh còmhdhail
- A' fàs sàbhailteachd is tapaidheachd air an lìonra chòmhdhail ro-innleachdail
- A' neartachadh cheanglaichean ro-innleachdail.






Gheibhear geàrr-chunntas de gach cuspair is molaidhean ceangailte sa chòrr den aithisg seo. Bheir Figear 6 dealbh de bhuannachdan gach moladh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air transport.gov.scot/stpr2/






'S e prìomh bhuannachd a bhith a' leasachadh sreath mholaidhean air feadh na dùthcha gu lèir gun glèidh e ìre chunbhalachd (m.e. thèid an aon mholadh coitcheann a leasachadh don aon thrioblaid/cothrom ann an iomadh àite).






Ach, feumaidh na molaidhean farsaing seo an uair sin ullachadh gus freagairt trioblaidean is cothroman sgèireil aithinichte nuair a thèid àitichean fa leth den dùthaich ainmeachadh. Chaidh seo a dhèanamh tro leasachadh sreath phacaidean sgèireil a' gabhail a-steach na 45 molaidhean mìnichte.






Seallaidh Figear 7 molaidhean a-rèir gach sgìre STPR2.

Amasan STPR2 ▶	A' Dion ar Gnàth-side is a' Leasachadh Bheathan									
	 Cothromachadh Carboin (Net Zero)	 Còmh-dhail Phoblach Neo-chosgail is Ruigsinneach	 Àitichean, Slàinte is Soirbheas	 Fàs Seasmhach Ion-ghabhalach	 Sàbhailte is Tapaidh					
PRÌOMH CHUSPAIREAN IS MOLAIÐHEAN ▼	Buannachdan do Dhaoine, Coimhearsnachdan is Buidhnean									
	Tuilleadh roghainnean còmh-dhail uaine	Nas lugha truailleadh	Barrachd thaghadh	Cothrom nas fhasa	Àrainneachdan coimhearsnachd nas fheàrr	Barrachd roghainnean fallain	Cothrom air seirbheisean is obraichean riatanach	Ceanglaichean ri margaidean riatanach	Siubhal nas sàbhailte	Tursan nas earbsaich
A' leasachadh bun-structair siubhail èasgaidh	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	✓
(1) Nàbaidheachdan ceangailte	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	✓
(2) Saor-rathadan èasgaidh	✓	✓	✓		✓	✓	✓		✓	✓
(3) Ceanglaichean siubhail èasgaidh clachan gu baile	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	✓
(4) A' ceangal bhailtean tro siubhail èasgaidh	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	✓
(5) Lìonra siubhail èasgaidh fad-astarach	✓	✓			✓	✓	✓		✓	
Stiùireadh roghainnean siubhail is giùlanan	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	✓
(6) Iomairtean atharrachaidh giùlain	✓	✓	✓		✓	✓				✓
(7) Ag atharrachadh giùlan luchd-cleachdaidh rathaidean		✓			✓				✓	✓
(8) A' fàs siubhail èasgaidh sgoile	✓	✓		✓	✓	✓	✓		✓	✓
(9) A' fosgladh cothom air rothairean	✓	✓			✓	✓				
(10) Leudachadh caisg is sgìrean 20msu		✓		✓	✓	✓			✓	

Amasan STPR2 ▶	A' Dion ar Gnàth-side is a' Leasachadh Bheathan									
	 Cothromachadh Carboin (Net Zero)	 Còmhdhail Phoblach Neo-chosgail is Ruigsinneach	 Àitichean, Slàinte is Soirbheas	 Fàs Seasmhach Ion-ghabhalach	 Sàbhailte is Tapaiddh					
PRÌOMH CHUSPAIREAN IS MOLAIIDHEAN ▼	Buannachdan do Dhaoine, Coimhearsnachdan is Buidhnean									
	Tuilleadh roghainnean còmhdhail uaine	Nas lugha truailleadh	Barrachd thaghadh	Cothrom nas fhasa	Àrainneachdan coimhearsnachd nas fheàrr	Barrachd roghainnean fallain	Cothrom air seirbheisean is obraichean riatanach	Ceanglaichean ri margaidean riatanach	Siubhal nas sàbhailte	Tursan nas earbsaich
Fàs cothrom air còmhdhail poblach neo-chosgail	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
(11) Metro Chluaidh	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
(12) Mòr-chòmhdhail Dhùn Èideann is Ear-dheas Alba	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
(13) Grad-chòmhdhail Obar Dheathain	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
(14) Solarachadh prìomh cheuman ro-innleachdail bus	✓	✓		✓	✓	✓	✓	✓		✓
(15) Leasachadh trannsa rèile Prìomh Loidhne na Gàidhealtachd	✓	✓	✓			✓	✓	✓	✓	✓
(16) Leasachadh trannsa rèile Peairt-Dùn Dè-Obar Dheathain	✓	✓	✓			✓	✓	✓	✓	✓
(17) Leasachadh trannsa rèile Dhùn Èideann/ Glaschu-Peairt /Dùn Dè	✓	✓	✓			✓	✓	✓	✓	✓
(18) Taicheadh slighean amalichte aig cinn-uidhe aiseig	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓
(19) Bun-structar gus toirt cothrom gu càch uile aig stèiseanan rèile	✓		✓	✓	✓		✓		✓	


Amasan STPR2 ▶	A' Dìon ar Gnàth-side is a' Leasachadh Bheathan									
	 Cothromachadh Carboin (Net Zero)	 Còmh-dhail Phoblach Neo-chosgail is Ruigsinneach	 Àitichean, Slàinte is Soirbheas	 Fàs Seasmhach Ion- ghabhalach	 Sàbhailte is Tapaidh					
PRÌOMH CHUSPAIREAN IS MOLAIDHEAN ▼	Buannachdan do Dhaoine, Coimhearsnachdan is Buidhnean									
	Tuilleadh roghainnean còmh-dhail uaine	Nas lugha truailleadh	Barrachd thaghadh	Cothrom nas fhasa	Àrainneachdan coimhears- nachd nas fheàrr	Barrachd roghainne- an fallain	Cothrom air seirb- heisean is obraichean riatanach	Ceangla- ichean ri margaidean riatanach	Siubhal nas sàb- hailte	Tursan nas earbsaich
(20) Tasgadh ann an DRT is MaaS	✓	✓	✓		✓	✓	✓			
(21) Goireasan comair leasaichte do luchd-siubhail còmh-dhail poblaich	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	
(22) Frèam-obrach lìbhrigidh huban gluasadachd	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓	
(23) Tiocaideachd còmh-dhail poblaich ghlic, amalaichte	✓		✓	✓		✓	✓			
Dì-charbonachadh còmh-dhail	✓	✓		✓	✓	✓		✓		
(24) Ùrachadh, atharrachadh is dì-charbonachadh adhartach aiseagan	✓	✓		✓	✓	✓	✓	✓		✓
(25) Dì-charbonachadh rèile	✓	✓		✓	✓	✓				
(26) Dì-charbonachadh an lionraidh bhuisaichean	✓	✓		✓	✓	✓				
(27) Atharrachadh giùlain is gluasad mòdach son frachd	✓	✓			✓	✓		✓		✓
(28) Carbadan neoni eimisein is eadar-ghluasad bun-structair	✓	✓			✓	✓				

Amasan STPR2 ▶	A' Dion ar Gnàth-side is a' Leasachadh Bheathan									
	 Cothromachadh Carboin (Net Zero)	 Còmh hail Phoblach Neo-chosgail is Ruigsinneach	 Àitichean, Slàinte is Soirbheas	 Fàs Seasmhach Ion- ghabhalach	 Sàbhailte is Tapaidh					
PRÌOMH CHUSPAIREAN IS MOLADHEAN ▼	Buannachdan do Dhaoine, Coimhearsnachdan is Buidhnean									
	Tuilleadh roghainnean còmh hail uaine	Nas lugha truailleadh	Barrachd thaghadh	Cothrom nas fhasa	Àrainneachdan coimhears- nachd nas fheàrr	Barrachd roghainne- an fallain	Cothrom air seirb- heisean is obraichean riatanach	Ceangla- ichean ri margaidean riatanach	Siubhal nas sàb- hailte	Tursan nas earbsaich
Fàs sàbhailteachd is tapaidheachd air an lionra còmh hail ro-innleachdail	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓
(29) Cothrom air A83 Earra Ghàidheal		✓					✓	✓	✓	✓
(30) Leasachaidhean sàbhailteachd nam prìomh- is mòr-rathadan					✓		✓	✓	✓	✓
(31) Freagarrachadh is tapaidheachd ghnàth-side do phrìomh- is mòr-rathadan							✓	✓	✓	✓
(32) Ùrachadh nam prìomh- is mòr-rathad son earbsachd, tapaidheachd is sàbhailteachd					✓		✓	✓	✓	✓
(33, 34, 35) Leasachadh Siostaman Còmh hail Glic		✓	✓		✓		✓	✓	✓	✓
(36) Ro-innleachd son leasachadh ghoireasan foise is math luchd-giùlain					✓		✓	✓	✓	

Amasan STPR2 ▶	A' Dion ar Gnàth-side is a' Leasachadh Bheathan									
	 Cothromachadh Carboin (Net Zero)	 Còmh-dhail Phoblach Neo-chosgail is Ruigsinneach	 Àitichean, Slàinte is Soirbheas	 Fàs Seasmhach Ion- ghabhalach	 Sàbhailte is Tapaidh					
PRÌOMH CHUSPAIREAN IS MOLAIDHEAN ▼	Buannachdan do Dhaoine, Coimhearsnachdan is Buidhnean									
	Tuilleadh roghainnean còmh-dhail uaine	Nas lugha truailleadh	Barrachd thaghadh	Cothrom nas fhasa	Àrainneachdan coimhears- nachd nas fheàrr	Barrachd roghainne- an fallain	Cothrom air seirb- heisean is obraichean riatanach	Ceangla- ichean ri margaidean riatanach	Siubhal nas sàb- hailte	Tursan nas earbsaich
(37) Leasachadh siubhail èasgaidh air prìomh rathadan tro choimhearsnachdan	✓	✓		✓	✓	✓			✓	
(38) Plana stiùiridh astair		✓			✓		✓		✓	✓
Neartaich ceanglaichean ro-innleachdail	✓	✓	✓		✓	✓	✓	✓	✓	✓
(39) Cothrom seasmhach air Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghràinne	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓	✓		✓
(40) Cothrom air an t-Sròn Reamhar is puirt aig Càrn Rìoghain	✓			✓	✓		✓	✓	✓	✓
(41) Comas cheanglaichean stèidhichte sna h-Eileanan Siar is Muile				✓			✓	✓		✓
(42) Tasgadh ann am bun-structar puirt	✓	✓		✓	✓		✓	✓		
(43) Maighstir-phlanaichean mòr-stèiseanan				✓	✓	✓	✓	✓	✓	
(44) Cinn-uidhe is goireasan frachd rèile	✓	✓					✓	✓	✓	✓
(45) Leasachain rèile àird-astair is tar-chrioachail	✓	✓	✓			✓	✓	✓	✓	✓

Nì an dreachd aithisg seo 45 molaidhean a' fòcasadh tasgadh air roghainnean còmhdhail seasmhach. Às na molaidhean seo, bheir na 28 a leanas buannachdan do dhaoine shònraichte, teaghlaichean, coimhearsnachdan is buidhnean air feadh a' chuid as motha de dh'Alba:

1, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 14, 19, 20, 21, 22, 23, 25, 26, 27, 28, 30, 31, 32, 33, 34, 35, 36, 37, 38




Bheir 17 molaidhean a bharrachd buannachdan ann an àireamh de sgìrean. Cuiridh am map sgìreil ann am Figear 7 am follais molaidhean a tha:

- sònraichte gu aon neo dà sgìre
- coitcheann ach le buannachdan sònraichte son cuid a sgìrean

Figear 7 – Molaidhean a-rèir sgìre

Sgìre	Molaidhean sònraichte gu AON neo DÀ sgìre	Molaidhean coitcheann le buannachd son sgìrean SÒNRAICHTE	Molaidhean le buannachd son MÒRCHUID sgìrean
Sgìre Earra Ghàidheal & Bòd	29, 41	18, 24, 42, 44	1, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 14, 19, 20, 21, 22, 23, 25, 26, 27, 28, 30, 31, 32, 33, 34, 35, 36, 37, 38
Sgìre Shiorrachd Àir & Arainn	40	18, 24, 42, 44	
Sgìre Dhùn Èideann & Ear-dheas	12	2, 17, 43, 44, 45	
Sgìre Srath Foirthe	39	2, 17, 44	
Sgìre Baile Ghlaschu	11	2, 17, 18, 24, 42, 43, 44, 45	
Sgìre Na Gàidhealtachd & nan Eilean	15, 41	2, 18, 24, 42, 43, 44	
Sgìre Ear-thuath na h-Alba	13, 16	2, 18, 24, 42, 44	
Sgìre Na Crichean		44, 45	
Sgìre Iar-dheas na h-Alba	40	18, 23, 44, 45	
Sgìre Bailtean Tatha	15, 16	2, 17, 43, 44	
Sgìre Eileanan Shealtainn		18, 24, 42	



A' leasachadh bun-structair siubhail èasgaidh

A' brosnachadh dhaoine coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd nas trice:

- gearradh eimiseanan carboin
- lùghdachadh neo-ionnanachdan tro leasachadh cothrom air obraichean, seirbheisean is cur-seachad
- libhrigeadh coimhearsnachdan nas càileire
- leasachadh slàinte
- taiceadh fàs eaconamach seasmhach.

Cruthaichidh slighean siubhail èasgaidh nas fheàrr cothroman sònraichte do dhaoine so-leònta leithid ciorramaich, òigrìdh is seann dhaoine, is iadsan gun chothrom air càr. Tha comas aig trì molaidhean STPR2 - ceanglaichean siubhail èasgaidh clachan-baile (3), a' ceangal bhailtean le siubhal èasgaidh (4) is lìonra siubhail èasgaidh fad-astarach – obrachadh an comain gus solarachadh lìonra siubhail èasgaidh nàiseanta sàbhailte is àrd-ìre a' ceangal choimhearsnachdan na h-Alba. Bheireadh iad seo ri chèile lìonraidhean làithreach a' cunntadh an Lìonra Rothaireachd Nàiseanta agus sholaradh e ceanglaichean gu àitichean bailteil tro mholaidhean STPR2 son nàbaidheachdan ceangailte (1) is saor-rathadan èasgaidh (2).

Son a bhith èifeachdach, dh'fheumadh cuir an sàs na molaidhean STPR2 seo dòigh-obrach chom-pàirteachail, gu h-àraid le ùghdarrasan ionadail is Com-pàirtichean Còmhdhail Sgìreil.

1 Nàbaidheachdan ceangailte

'S e nàbaidheachdan 20 mionaid dòigh nàbaidheachdan ceangailte is nas ruigsinniche a choileanadh ann an dòigh 's gun urrainn an àireamh as motha dhaoine coinneachadh mòrchuid am feumalachdan làitheil am broinn cuairt choise, cuibhle neo rothair den dachaigh aca. 'S e cruthachadh riaradh rùim nas cothromaiche do luchd-coiseachd is rothair prìomh phrionnsabal do leasachadh nàbaidheachdan 20 mionaid. Bhrosnaicheadh nàbaidheachdan ceangailte coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd son tursan goirid làitheil tro cruthachadh slighean nas sàbhailte, tarraingich a nì ceangal nas fheàrr eadar coimhearsnachdan is seirbheisean n-ar bailtean beaga is mòra. Bhiodh buannachdan ann do dhaoine a tha nas trice gun chothrom air còmhdhail, leithid òigrìdh is seann dhaoine is feadhainn as aonais càr.

Molaidh STPR2 libhrigeadh nàbaidheachdan ceangailte a tha mar cho-phàirt chòmhdhail de nàbaidheachdan 20 mionaid am broinn bailtean beaga is mòra. An luib seo bhiodh pacaidean leasachaidh ri bun-structar siubhail èasgaidh ann is mu thimcheall meadhan bhailtean is nàbaidheachdan, mar eisimplir, gu slighean-coise, staranan-rathaid, uachdarachadh slighe, solais is àirneis shràide.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

2 Saor-rathadan èasgaidh is hubaichean pàircidh rothair

Bhrosnaicheadh saor-rathadan èasgaidh tuilleadh dhaoine a bhith a' coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd nas trice tro solaradh slighean siubhail èasgaidh dìreach àrd-ìre, sgarichte bho trafaig, air trannsachan tranga ann an àitichean bailteil mòra. Gus miann nas motha a fhreagairt, b' urrainn hubaichean pàircidh rothair tèarainte, àrd-ìre a bhith air an solaradh. Le leasachadh sàbhailteachd, chuidicheadh saor-rathadan èasgaidh dèiligeadh ri eagal bho chunnart rathaid, an aon chnap-starra as motha mu choinneamh fàs leithid siubhail èasgaidh.

Molaidh STPR2 leasachadh saor-rathadan èasgaidh air trannsachan tranga 's na sgìrean bailteil as motha an Alba, le prìomhachas an toiseach do na bailtean as motha. Cheangladh lìonraidhean mionaideach saor-rathadan èasgaidh nàbaidheachdan iomallach ri meadhan bhailtean beaga is mòra is ri seirbheisean riatanach is cinn-uidhe mòr-chòrdte. Leigeadh slighean ionadail leasaichte, leithid iadsan air an solaradh le nàbaidheachdan ceangailte, cothrom do dhaoine air saor-rathadan èasgaidh bho na dachaighean, sgoiltean is àitichean-obrach aca.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

3 Ceanglaichean siubhail èasgaidh clachan gu baile

4 A' ceangal bhailtean tro siubhal èasgaidh

5 Lìonra siubhail èasgaidh fad-astarach

Thigeadh na molaidhean seo ri chèile gus solaradh lìonra nàiseanta a' ceangal choimhearsnachdan na h-Alba son daoine a' coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd. Cheangladh iad cuideachd ri lìonraidhean siubhail èasgaidh eile gus solaradh ceanglaichean math a-staigh gu bailtean beaga is mòra. Tro sholaradh slighean àrd-ìre, nas sàbhailte is nas goireasaiche dheadh barrachd choiseachd, cuibhleadh is rothaireachd a bhrosnachadh. 'S e prìomh fhactar a bhith ag aithneachadh draghan sàbhailteachd tro sgaradh bho trafaig, a' cleachdadh slighean rathaid a-mhàin nuair a tha iad sàmhach is le caisg-astair trafaig ìosal.

Molaidh STPR2 leasachadh an lìonra siubhail èasgaidh fad-astarach gus ceangal bailtean is sgìrean na h-Alba. Chuireadh seo ris an Lìonra Rothaireachd Nàiseanta. Dheadh ceanglaichean siubhail èasgaidh bailtean ceangailte a sholaradh eadar àitichean-tuinidh a tha reusanta faisg air a chèile, agus far a bheil cothrom math atharrachadh bho siubhal le càr (agus far nach eil na ceanglaichean air an dèanamh tron lìonra fad-astarach). Dheadh ceanglaichean siubhail èasgaidh clachan-baile a leasachadh gus taic a thoirt do bharrachd shlighean dùthchail tro mhodhan èasgaidh, a' brosnachadh gluasad bho tursan dùthchail goirid sa chàr, is leigeil le barrachd dhaoine buannachd fhaighinn bho chothrom nas fheàrr air bathar is seirbheisean ionadail.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

A' stiùireadh taghaidhean is giùlain siubhail

Fòcasaidh molaidhean a' chuspair seo air daoine a stiùireadh gus taghaidhean siubhail nas fhallaine, seasmhaich is sàbhailte a dhèanamh. Tha cuid – iomairtean atharrachaidh giùlain (6), a' fàs siubhail èasgaidh sgoile (8), a' fosgladh cothrom air rothairean (9) – son barrachd dhaoine a bhrosnachadh modhan èasgaidh is còmhail phoblach a chleachdadh. A thuilleadh air buannachdan a libhrigeadh iad fhèin, leasachaidh na molaidhean seo cuideachd luachd molaidhean eile STPR2 tro a dhèanamh comasach do bharrachd dhaoine feum a dhèanamh den bhun-structar a bhios iad a' solaradh.

Siridh molaidhean eile sa chuspair seo – atharrachadh giùlain luchd-cleachdaidh rathaid (7), is leudachadh sgìrean is caisg 20msu (10) – sàbhailteachd rathaid a leasachadh tro lùghdachadh astaran trafaig is brosnachadh cleachdadh chàraichean nas cùramaich. A thuilleadh air nas lugha tubaistean rathaid, cuidichidh seo cuideachd cuir às do dh'iomgain a thaobh cunnairt rathaid, a tha tric na phrìomh chnap-starra do chleachdadh mhodhan-èasgaidh.

Gus a bhith èifeachdach, feumaidh buileachadh nam moladh STPR2 seo dòigh-obrach chom-pàirteachaidh eadar iomadh buidheann poblach, prìobhaideach is coimhearsnachd a tha an sàs ann an libhrigeadh atharrachadh thaghaidhean is giùlain siubhail.

6. Iomairtean atharrachaidh giùlain

Nan deadh barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus taghaidhean siubhail èasgaidh is seasmhach (coiseachd, cuibhleadh, rothaireachd, a' cleachdadh còmhdhail poblaich) a dhèanamh nas trice bhiodh buannachdan mòra ann a thaobh slàinte, ion-ghabhail is an àrainneachd, gu h-àraid ma tha na roghainnean a tha brosnachaidh de àrd-ìre is buntainneach don neach shònraichte.

Molaidh STPR2 togail air prògram làithreach gus libhrigeadh iomairtean ionadail, sgèireil is nàiseanta a thogas aire mu roghainnean còmhdhail seasmhach gus daoine a bhrosnachadh am feum as motha a dhèanamh de na roghainnean còmhdhail as iomchaidh son na tursan aca.

Am-measg seo bhiodh solaradh fiosrachaidh, gnìomhan brosnachail, brosnadh is tachartasan coimhearsnachd gus misneachd is comasachadh cleachdadh modhan èasgaidh is seasmhach. 'S urrainn na h-iomairtean seo àite riatanach a chluich ann an togail aire mu bhun-structar is seirbheisean ùra, a' cunntadh iadsan air an libhrigeadh le molaidhean STPR2 eile.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh slàinte is soirbheas
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

7. Ag atharrachadh giùlan luchd-cleachdaidh rathaid

Le bhith a' dèanamh cinnteach gun tuig luchd-cleachdaidh rathaid an dleastanasan a thaobh sàbhailteachd rathaid 's urrainn urram eadar iad fhàs. Às a seo thig giùlan nas cùramaich a leanas, tro cho-èigheachadh astair, ri nas lugha leòintich rathaid.

Tha leasachadh sàbhailteachd rathaid buileach cudromach air sgàth mholaidhean STPR2 eile gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd, is àrainneachd nas sàbhailte a sholaradh do luchd-cleachdaidh rathaid uile gu lèir.

Molaidh STPR2 buileachadh teicneòlais cho-èigheachaidh astair is iomairtean nàiseanta son atharrachadh giùlain shàbhailteachd rathaid, foghlam is iomairtean trànaidh. Lùghdaicheadh iad seo leòintich rathaid is chuidicheadh iad libhrigeadh toraidhean Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gu 2030.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

8. A' fàs siubhail èasgaidh sgoile

Leanaidh fàs coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd don sgoil ri buannachdan slàinte is soirbheas do dhaoine òga is an teaghlaichean/luchd-cùraim. 'S urrainn seo cleachdaidhean siubhail èasgaidh fallain fad-bheatha a chruthachadh.

Tha an turas-sgoile càr, ge-tà, fhathast a' cur gu mòr ri ìrean trafaig.

San deichead mu dheireadh tha ìrean coiseachd don sgoil an Alba mean air mhean a' tuiteam, le fàs sgùtaidh is rothaireachd dìreach a' dèanamh glè bheag gus dol an aghaidh seo.

Seallaidh rannsachadh gur e slighean nas sàbhailte is astaran trafaig nas slaodaich na prìomh leasachaidhean a bhrosnaicheadh barrachd choiseachd, cuibhleadh is rothaireachd don sgoil.

Molaidh STPR2 slighean coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd leasaichte is nas sàbhailte gu bun is àrd sgoiltean, còmhla ri ceuman gus lùghdachadh dùmhlachd, meud is astaran trafaig mu thimcheall sgoiltean. Far a bheil sgoiltean ann an neo faisg air meadhan nàbaidheachdan, dheadh leasachaidhean ullachadh an co-bhonn le nàbaidheachdan ceangailte (1). Molaidh STPR2 cuideachd iomairtean gus giùlan draibhir nas fheàrr a bhrosnachadh mu thimcheall sgoiltean, is gus sgoilearan is an teaghlaichean a bhrosnachadh gus siubhal gu sàbhailte is èasgaidh.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

9. A' fosgladh cothrom air rothairean

Gu leòr dhaoine a tha as aonais rothairean. Dìreach aon thrìtheamh de dhachaighean Albannach aig a bheil cothrom air co-dhiù aon rothair. Ged as urrainn prìs rothairean is rudan ceangailte – leithid solais, glasan is clogaidean – a bhith car ìosal, tha e fhathast brìgheil don uamhas dhaoine, gu h-àraid teaghlaichean is daoine a dh'fheumas rothairean sònraichte. Tric tha cuideachd gainnead cothroim ann air trèanadh neo taic a bheireadh a' mhisneachd is sgilean deatamach do dhaoine a bhith a' rothaireachd.

Mar sin, chluicheadh solaradh cothrom air rothairean, trèanadh is taic pàirt chudromach ann a bhith a' toirt comas do dhaoine a bhith a' rothaireachd. A bharrachd air buannachdan slàinte, àrainneachd is ruigsinneachd, chuidicheadh seo cuideachd am feum as motha a dhèanamh de shlighean rothair.

Am-measg na feadhainn as motha a gheibheadh buannachd bho na cothroman an luib rothaireachd tha daoine òga, boireannaich, seann dhaoine, daoine ciorramach, feadhainn le trioblaidean slàinte is daoine bho choimhearsnachdan nas bochda.

Molaidh STPR2 togail air prògraman soirbheachail làithreach is obair buidhnean-taice stèidhichte gus rothairean, co-innealan is trèanadh a sholaradh do bharrachd dhaoine air feadh Alba. Dheadh taic cuideachd a thoirt do choisreachd is cuibhleadh far a bheil iad seo nas iomchaidh. Bhiodh fòcas gu h-àraid air a thoirt do dhaoine ann an coimhearsnachdan nas bochda, grunn dhiubh a b' urrainn buannachd shusbainteach fhaighinn bho na cothroman an luib rothaireachd (is cuideachd coiseachd is cuibhleadh).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh slàinte is soirbheas
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

10 – Leudachadh caisg is sgìrean 20msu

'S urrainn toirt a-steach tuilleadh caisg is sgìrean 20msu ann am bailtean mòra, beaga is clachain trafaig a lùghdachadh, a' fàgail sràidean nas sàbhailte.

Tha fianais ann gun tuit ìrean leòintich rathaid far a bheil sgìrean 20msu, is gu bheil ìrean-maireachdainn tubaist suas gu còig uimhir nas àirde nuair a thèid neach-coiseachd a leagail le càr aig 20msu an taca ri 30msu. 'S urrainn àrainneachdan nas sàbhailte barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd nas trice.

Cuiridh astaran nas slaodaich cuideachd ri sàbhailteachd dhaoine an carbadan.

Molaidh STPR2 taiceadh Buidheann-ghnìomh 20msu Riaghaltas na h-Alba tro mheudachadh prògraman is iomairtean làithreach gus caisg is sgìrean 20msu ùra neo leudaichte a sholaradh ann am bailtean mòra, beaga is clachain air feadh Alba.

Bhrosnaicheadh iomairtean sàbhailteachd rathaid an coise seo giùlain nas fheàrr à draibhearann ann an sgìrean 20msu.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

Fosgladh cothrom air còmh-dhail phoblach neo-chosgail

Son gu leòr dhaoine, tha e deatamach cothrom fhaighinn air còmh-dhail phoblach neo-chosgail is seasmhach 's e a' toirt cothrom dhaibh air obraichean is seirbheisean riatanach. Buinidh seo riuthsan ann an sgìrean dùth-chail a thuilleadh air bailtean. Bhrosnaicheadh tasgadh sa bhun-structar deatamach barrachd cleachdadh de chòmh-dhail phoblach, a lùghdaicheadh an uair sin tursan càr is na h-eimiseanan an luib sin.

Gus freagairt feumalachdan diofraichte an t-sluaigh tha feum air taghadh phacaidean a dh'aithnicheas dùbhlain sònraichte is cnapan-starra do luchd-siubhail còmh-dhail poblaich. Am-measg seo tha leasachaidhean stèiseanan is comaran còmh-dhail (18, 19, 21, 22), is a' leasachadh sgeamaichean tiocaideachd is pàighidh amalaichte is glic freagarrach (23) gus fàs ruigsinneachd is neo-chosgaileachd seirbheisean air fad.

A' cur ri seo tha taghadh cheuman a' dèiligeadh le sgìrean nas mòr- is dlùth-shluaghach. Am-measg seo tha molaidhean far an urrainn mòr-chòmh-dhail cruth-atharrachadh a thoirt ann an solaradh seirbheis (11, 12, 13), is a' fòcasadh air slighean ro-innleachdail is/neo trannsan far an toir bus is rèile an t-seirbheis as èifeachdaich (14, 15, 16, 17). Cuideachd, 's urrainn na roghainnean tàillearaichte cuir am follais feumalachdan sònraichte coimhearsnachdan nach eil cho dlùth-shluaghach, tro leudachadh Còmh-dhail Iarrtais-fhreagairtich (Demand Responsive Transport) is Gluasadachd mar Sheirbheis (Mobility as a Service) (20).

11 Metro Chluaidh

Gu tur atharrachaidh siostam còmh-dhail metro comas-ceangail an Sgìre Baile Ghlaschu suas gu mu 15km bho meadhan a' bhaile. Dh'fhaodadh e cuimseachadh air àitichean far a bheil ceanglaichean an-dràsta lag, nam measg àitichean anns a bheil bochdainn.

Tha siostaman còmh-dhail metro a' cunntadh feadhainn anns an bheil aon neo barrachd de grad-chòmh-dhail bus, rèile aotrom is rèile metro. Chuireadh na roghainnean seo ris an t-seirbheis solarachaidh le rèilichean traidiseanta is dh'fhaodadh leasachadh bho rèilichean làithreach gu rèilichean aotrom neo metro a bhith am-measg seo.

Cuiridh leasachadh ruigsinneachd air feadh na sgìre baile ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba son dèiligeadh ri cùisean bochdainn is slàinte. Bheireadh ceangal eadar Metro Chluaidh is lìonraidhean siubhail èasgaidh is còmh-dhail làithreach tursan nas giorra air falbh bhon lìonra rèile trom is shaoradh e comas rèile a bharrachd son tursan nas fhaide.

Chuidicheadh an siostam lìbhrigeadh buannachdan àrainneachd is leasachadh ùineachan siubhail còmh-dhail poblaich is seasmachd ùineachan siubhail, a' fàgail roghainnean siubhail seasmhach nas tarraingich.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmh-dhail Alba ag obair le Comhairle Baile Ghlaschu, Com-pàirteachas Còmh-dhail Shrath Chluaidh is com-pàirtichean sgìreil eile son leasachadh nan cùisean gnothachas is planaichean lìbhrigidh aig Metro Chluaidh.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

12. Mòr-chòmhdhail Dhùn Èideann is Ear-dheas na h-Alba

Bheireadh siostam mòr-chòmhdhail don sgìre barrachd roghainnean còmhdhail son siubhail tar-chrìochail, a' lùghdachadh an fheum atharrachadh eadar seirbheisean. Leasaicheadh seo comas-ceangail fad sgìre is bhrosnaicheadh e gluasad bho càr gu còmhdhail phoblach is roghainnean siubhail eile nas seasmhaich. Bhiodh fòcas air prìomh thrannsan iarrtais is cuideachd far a bheil dùmhlaich a' buailleadh air seirbheisean bus is far a bheil nas lugha tairgse còmhdhail poblaich, a' cunntadh cuimseachadh air sgìrean nas bochda as urrainn a bhith buileach an urra ri còmhdhail phoblach.

Chuidicheadh an siostam libhrigeadh buannachdan àrainneachd is leasachadh ùineachan còmhdhail is seasmhach ùineachan còmhdhail còmhdhail poblaich, a' fàgail roghainnean siubhail seasmhach nas tarraingich.

Molaidh STPR2 gun obraich Còmhdhail Alba le com-pàirtichean sgìreil gus leasachadh is fàs an siostam còmhdhail poblaich tar-chrìochail son sgìre Dhùn Èideann is Ear-dheas na h-Alba, a dh'fhaodadh modhan còmhdhail stèidhte air tram is bus a chleachdadh a' cunntadh Grad-chòmhdhail Bus (Bus Rapid Transit). Bhiodh seo a' cur ri agus ag amalachadh lionraidhean làithreach bus, tram is rèile-trom na sgìre, gus solaradh comas-ceangail leasaichte eadar Dùn Èideann is na coimhearsnachdan sgìreil mu thimcheall, a thuilleadh air ceanglaichean nas dìriche eadar coimhearsnachdan taobh muigh Dhùn Èideann.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

13 Grad-chòmhdhail Obar Dheathain

Bheireadh siostam grad-chòmhdhail stèidhte air bus còmhdhail poblach nas farpaisich is èifeachdaich a-staigh gu is mu thimcheall sgìre Baile Obar Dheathain. Leasaicheadh seo comas-ceangail fad sgìre is bhrosnaicheadh e atharrachadh bho chàr gu còmhdhail poblach is roghainnean siubhail eile nas seasmhaich. Bhiodh fòcas air prìomh thrannsan iarrtais is cuideachd far a bheil dùmhlaich a' buailleadh air seirbheisean bus. Lùghdaicheadh atharrachadh bho chàr gu còmhdhail phoblach do mhòran buaidh dùmhlaich air

seirbheisean bus air sgàth àrd-chleachdadh chàraichean is bheireadh e cothroman a bharrachd son leasachaidhean cruthachadh-àite (placemaking) gus taiceadh dòighean-beatha fallain is gnìomhach.

Chuidicheadh an siostam seo libhrigeadh buannachdan càilleachd adhair is leasachadh ùineachan slighe is seasmhachd ùineachan slighe còmhail poblaich, a' fàgail roghainnean siubhail seasmhach nas tarraingich.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmhail Alba ag obair le com-pàirtichean ionadail gus leasachadh planaichean son Grad-chòmhdhail Obar Dheathain. Bheireadh seo prìomhachas do bhusan is cheangladh e prìomh chinn-uidh aig iomall Obar Dheathainn ri meadhan a' bhaile tro thrannsan rèideal tranga (a' cunntadh an A96, A944 is A956).

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-side
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

14. Solarachadh prìomh cheuman ro-innleachdail bus

'S urrainn ceuman prìomhachais bus, a' cunntadh ath-riarachadh rùm rathaid, libhrigeadh barrachd pongalachd is ùineachan slighe nas luaithe. Seallaidh rannsachadh gun dèanadh leithid buannachdan e nas tarraingich siubhal air bus is chuidicheadh e dol an aghaidh crìonadh cleachdaidh bhusaichean. Tha e riatanach atharrachadh bho chàraichean don roghainn nas uaine is glaine seo ma tha Alba gus coileanadh a targaidean cothromachaidh charboin is 's e cùis èiginneach a th' ann, is misneachd ann an sàbhailteachd siubhail bhus air tuiteam ri linn pandemic Covid-19.

Molaidh STPR2 buileachadh roghainnean prìomhachais bus am bailtean na h-Alba far a bheil dùmhlachd as àirde is gun lean ceuman prìomhachais bus a bhith aithnichte is builichte air lìonra nam prìomh is mòr rathadan. A thaobh nan lìonra ionadail 's e am moladh cumail a' cleachdadh an inneil mhaoineachaidh son ùghdarrasan ionadail tron Mhaoin Chompàirteachais Bhus.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-side
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

15. Leasachaidhean trannsa rèile Prìomh Loidhne na Gàidhealtachd**16. Leasachaidhean trannsa rèile Peairt-Dùn Dè-Obar Dheathain****17. Leasachaidhean trannsa rèile Dùn Èideann/Glaschu-Peairt/Dùn Dè**

Chuir pandemic Covid-19 am follais dùbhlain mòra do rèile a thaobh: glèidheadh ion-obrachas ionmhasail; freagairt atharrachaidhean feumalachdan luchd-siubhail; freagairt atharrachaidhean feumalachdan luchd-siubhail frachd is fàs frachd deatamach gus coileanadh targaidean cothromachadh charboin is lùghdachadh siubhail chàraichean.

Son luchd-siubhail, tha rèile mar as trice freagarrach son na pàirt as motha ‘trunna’ de thursan eadar-bhaile, a’ cur ri comas-ceangail doras-gu-doras le bus, siubhail èasgaidh, is mar as freagarraiche, goireas pàrcaidh iomchaidh. Son frachd, tha rèile mar as trice freagarrach son frachd mòr-mheud / eadar-mhòdach nas fhad-astaraich. Bu chòir tasgadh rèile luchd-siubhail teachdail mar sin a bhith cuimsichte air na margaidean eadar-bhaile as làidire mar na slighean far an tèid as motha luach fhaighinn bho leasachaidhean, is tasgadh frachd air trannsan bho Meadhan na h-Alba thairis air a’ chrìch is gu Obar Dheathain is Inbhir Nis.

Molaidh STPR2 prògram leasachaidhean, a choileanadh leasachaidhean ri slighean ùine is a dh’fhàsas comas is earbsa do sheirbheisean luchd-siubhail is frachd. Dheadh leasachaidhean frachd a bharrachd gus meudachadh na thèid a ghiùlain cuideachd a mheòrachadh far an lùghdaicheadh seo cosgaisean obrachaidh is am brosnachadh iad gluasad nas luaithe bho rathad gu rèile.

Bhiodh na leasachaidhean seo ag amalachadh lìbhrigeadh rèile air feadh sheirbheisean luchd-siubhail is frachd.

Coileanadh prìomh amasan:

- A’ dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas

18. Taiceadh slighean amalaichte aig cinn-uidhe aiseig

Tha leasachadh cheanglaichean eadar cinn-uidhe aiseig is seòrsaichean còmhail phoblaich eile cudromach gus daoine a bhrosnachadh gluasad bho bhith a’ siubhail le càr.

Gu h-eachdraidheil, tha daoine nas eucoltaich còmhail phoblach a chleachdadh ma nì cuingealachadh roghainnean neo ceanglaichean siubhail e nas doirbh dhaibh an ceann-uidh a ruighinn.

Gheibh coimhearsnachdan dùthchail is eileanach còmhla ri luchd-tadhail buannachd bho cothrom is eòlas siubhail nas fheàrr air cinn-uidhe aiseig is goireasan comair. Bhiodh buannachdan sònraichte ann do shiubhail nas fhad-astaraich le roghainnean siubhail nas siubhlaich is seirbheisean nas fheàrr do dhaoine a’ siubhal gun càr. Nì lùghdachadh cleachdaidh chàraichean cuideachd feum nas fheàrr de chomas aiseig làithreach.

Molaidh STPR2 ath-sgrùdadh mionaideach de phrìomh chinn-uidh aiseig gus meòrachadh leasachaidhean ann am fiosrachadh clàr-ama, soidhneachadh, tiocaideachd is goireasan a dhìth gus slighe siubhlach a lìbhrigeadh eadar seòrsaichean còmhdhail phoblaich eadar-dhealaichte gus leasachadh eòlas luchd-siubhail is ruigsinneachd aig cinn-uidhe aiseig.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

19. Bun-structar gus toirt cothrom gu càch uile air stèiseanan rèile

'S urrainn buileachadh cheuman gus leasachadh rugisinneachd stèiseanan rèile na h-Alba cuideachadh dèanamh cinnteach gun urrainn a h-uile duine cleachdadh an siostam còmhdhail leis cho beag cnapan-starra sa ghabhas. Bhrosnaicheadh seo barrachd cleachdaidh de rèile is seachnadh chàraichean. 'S e slighean gun-cheum is cothrom àrd-ùrlair gu trèanaichean luchd-siubhail eisimplirean den seo.

Molaidh STPR2 ath-sgrùdadh de ruigsinneachd stèiseanan ann an Alba gus aithneachadh cnapan-starra is leasachadh cothrom do gach neach air an lìonra rèile, a' toirt prìomhachas do stèiseanan le trioblaidean sònraichte. Chunntadh seo rannsachadh nan cothrom son teicneòlas ùr gus leasachadh sàbhailteachd is ruigsinneachd aig stèiseanan do dhaoine le gluasadachd lùghdaichte. Dheadh cuideachd cothroman gus leasachadh ruigsinneachd slighean air adhart à stèiseanan rèile, gu h-àraid le bus neo tacsì, a mheòrachadh.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

20. Tasgadh ann an Còmhdhail Iarrtais-fhreagairtich (Demand Responsive Transport) is Glusadachd mar Sheirbheis (Mobility as a Service)

Nì tasgadh cuimsichte e nas fhasa do dhaoine siubhal, gu h-àraid iadsan gun cothrom air càr, cuidichidh e brosnachadh ionannachd tro chothrom nas cothromaich air obraichean is seirbheisean. Ann an àitichean far gu mathaid nach eil seirbheisean bus slighe stèidhichte freagarrach neo comasach, 's urrainn roghainnean sùbailte, leithid Còmhdhail Iarrtais-fhreagairtich (DRT), 's dòcha le taic bho Glusadachd mar Sheirbheis (MaaS) is teicneòlas glic mar as freagarraiche, a chleachdadh gus comas-ceangail còmhdhail poblaich nas fheàrr a sholaradh.

Bhiodh seo cudromach gus dèiligeadh ris an sgaradh mothachail ann an solaradh còmh-dhail poblaich am broinn is eadar sgìrean.

Molaidh STPR2 sgeamaichean pileat le DRT is MaaS a' cleachdadh fuasglaidhean ùr-ghnàthach, sàr-chleachdadh eadar-nàiseanta is teicneòlasan glìce. Cuidichidh na sgeamaichean seo stèidheachadh an deadh goireasan làithreach gann ùisneachadh nas fheàrr thairis an lìonra poblach, còmh-dhail dachaigh gu sgoil, siubhal feumalachdan foghlaim sònraichte is siubhal euslàintich neo-èigineach, air bun-stèidh sheirbheisean slighe stèidhichte neo tro sligheachd shùbailte.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

21. Goireasan comair leasaichte do luchd-siubhail còmh-dhail poblaich

Brosnaichidh leasachadh càileachd goireasan luchd-siubhail aig stèiseanan bus, stèiseanan rèile is comaran còmh-dhail eile cleachdadh còmh-dhail poblaich is seachnadh chàraichean. Chunntadh seo leasachadh ruigsinneachd aig stèiseanan bus is comaran còmh-dhail do dhaoine le gluasadachd lùghdaichte.

'S urrainn leasachaidhean cuideachd a bhith air an dèanamh ri dealbachadh is tèarainteachd bun-structair, agus tro leasachadh càileachd na h-àrainneachd feitheimh, fiosrachadh, soidhneachadh is lorgadh-slighe do luchd-cleachdaidh nan goireas gu lèir.

Molaidh STPR2 togail air moladh 19 STPR2 (bun-structar gus toirt cothrom gu càch uile air stèiseanan rèile) le ùrachadh ruigsinneachd is càileachd goireasan luchd-siubhail aig stèiseanan rèile làithreach is comaran siubhail eile, gus leasachadh tarraingeachd seirbheisean còmh-dhail poblaich air fad.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

22. Frèam-obrach libhrigidh huban gluasadachd

'S e huban gluasadachd goireasan far a bheil iomadh seòrsa còmh-dhail, is ma dh'fhaoidte seirbheisean eile, ag eadar-cheangal. Nì leasachadh cheanglaichean eadar seirbheisean còmh-dhail poblaich, siubhal àsgaidh (coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd) is còmh-dhail cho-roinnte e nas fhasa do dhaoine, gu h-àraid iadsan gun cothrom air càr, a bhith a'

faighinn mu chuairt. Freagairidh seo aon de na prìomh cnapan-starra mu choinneamh cleachdadh sheirbheisean còmhdhail.

Molaidh STPR2 leasachadh frèam-obrach libhrigidh, a' togail air sàr-cleachdadh, gus làn-mheudachadh èifeachdas hubaichean gluasadachd is dèanamh cinnteach gun tèid dòigh-obrach cunbhalach is co-òrdanaichte a ghabhail ri measadh làraichean, goireasan is dòighean conaltraidh coimhearsnachd. Dheadh cuideachd stiùireadh sàr-chleachdaidh ullachadh gus taic a thoirt do leasachadh.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

23. Tiocaidheachd còmhdhail poblaich ghlic, amalaichte

Bidh còmhdhail phoblach na roghainn shiubhail nas goireasaich, sùbailte is tarraingeach ma thèid a dhèanamh nas fhasa do dhaoine an ceann-uidh a ruighinn tro shìmpleachadh mar a bhucas is a cheannaicheas iad an tiocaidhean le solaran diofraichte. Brosnaichidh seo daoine gluasad bho chleachdadh chàraichean is thaiceadh e tuilleadh siubhail èasgaidh (coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd).

An luib leasachadh amalachaidh tha cuir an gnìomh teicneòlasan is siostam a thaiceas pàigheadh nas fhasa is sìmpleachadh sgeamaichean neo faraidhean, a' cunntadh capadh phrìsean.

Molaidh STPR2 cumail le taic is libhrigeadh leantainneach seirbheisean tiocaidheachd is pàighidh ghlic uile-amalaichte air feadh còmhdhail poblaich gu lèir, gus iarrtas fhàs is siubhal èasgaidh a bhrosnachadh. Cuiridh am moladh seo taic ri libhrigeadh amasan am broinn Achd Còmhdhail (Alba) 2019, is sruthan-obrach às dèidh, a tha ag amas stèidheachadh Bòrd Stiùiridh Tiocaidheachd Ghlice Nàiseanta is a chuireas sìos inbhe theicneòlachail son tiocaidheachd glìce.

Coileanadh prìomh amasan:

- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas

Dì-charbonachadh còmhdhail

Gus coinneachadh ri geallaidhean a thaobh atharrachadh na gnàth-side, stèidhich Riaghaltas na h-Alba targaid ceangaltach fon lagh gus cothromach carboin a choileanadh ro 2045.

'S e còmhdhail an-dràsta tùs as motha eimiseanan gas an taigh-ghlainne, le còmhdhail dhachaigheil a' cur as motha ri seo. Dh'fhàs trafaig chàr air rathaidean mòra trì uimhir san ceathrad bliadhna a chaidh, a' ciallachadh, a dh'aindeoin leasachaidhean èifeachdais einnsein, gu bheil càraichean a' cunntadh son 39 sa cheud de dh'eimiseanan còmhdhail is carbadan bathair a' cunntadh son 25 sa cheud eile.

Seallaidh fianais gur e an aon dhòigh coileanadh an targaid chothromachaidh charboin measgachadh de:

- dì-charbonachadh cas de chòmhdhail siubhail is frachd
- lùghdachadh cleachdaidh carbaidean tro gluasad gu còmhdhail phoblach is siubhail èasgaidh
- iarrtas lùghdaichte tro thursan nas giorra is, far an urrainn, seachnadh thursan.

Tha measgachadh mholaidhean STPR2 mìnichte os cionn stiùirichte le taic son siubhail èasgaidh (coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd) is ceuman gus còmhdhail phoblach a dhèanamh nas tarraingich.

Tha molaidhean STPR2 cuimsichte air dì-charbonachadh cas de chòmhdhail luchd-siubhail is frachd mìnichte san earrann seo is nam measg tha: ùrachadh, atharrachadh is dì-charbonachadh adhartach aiseagan (24), dì-charbonachadh rèile (25), dì-charbonachadh an lìonraidh bhus (26), atharrachadh giùlain is gluasad mòdach son frachd (27) is carbadan is eadar-ghluasad bun-structair neoni eimiseanan (28).

Co-thaobhaidh is cuiridh na molaidhean seo taic ris an dreachd Ceathramh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4) far an e dì-charbonachadh comais-cheangail cuspair làidir.

24. Ùrachadh, atharrachadh is dì-charbonachadh adhartach aiseagan

Dhèiligeadh tasgadh leantainneach ann an ùrachadh aiseagan ri feumalachdan coimhearsnachdan dùthchail is eileanach tro leasachadh tapaidheachd, earbsa, comas is ruigsinneachd nan aiseag. Ma tha an tasgadh seo le fòcas air dì-charbonachadh adhartach nan lìonra aiseag, lùghdaichidh e eimiseanan gus cuideachadh Alba a targaidean cothromachaidh charboin a choileanadh.

Molaidh STPR2 ùrachadh is atharrachadh air soithichean Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS) is Seirbheisean Aiseig nan Eilean Tuath (NIFS) a' cunntadh dì-charbonachadh adhartach ro 2045.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

25. Dì-charbonachadh rèile

Gheibhear iomadh buannachd an luib atharrachadh trèanaichean dìosail, tùs as motha eimiseanan carboin rèile, le teicneòlasan nas glaine – a thuilleadh air cuideachadh coileanadh targaidean cothromachaidh charboin. Leasaicheadh dealanachadh ùineachan slighe is neartaicheadh e gach cuid seirbheisean rèile frachd is luchd-siubhail. Dheadh comas a mheudachadh tro chleachdadh trèanaichean nas fhaide is èifeachdan clàir-ama tro luathachadh leasaichte. Solaraidh iad seo buannachdan neo-dhìreach ri linn spreigidhean ùra do luchd-siubhail is frachd gluasad bho rathad gu rèile.

Lùghdaicheadh trèanaichean rèile ùra cosgaisean obrachaidh is glèidhidh is leasaicheadh iad èifeachdachd a' chabhlaich.

Bheir slighean far nach eil dealanachadh iomchaidh cothroman cudromach son cuir an gnìomh teicneòlasan rèile leithid bataraidh is hàidhdreaidean.

Molaidh STPR2 gun co-thaobhadh prìomhachasan son dì-charbonachadh prìomh shlighean rèile le Plana Gnìomh Dì-charbonachadh Sheirbheisean Rèile le fòcas mar as freagarraiche air slighean leis a' chomar as motha gluasad trafaig bho rathad gu rèile.

Coileanadh prìomh amasan:

- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd

26. Dì-charbonachadh an lìonraidh bhusaichean

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn mòrchuid bhusaichean dìosail a thoirt à còmhdhail phoblach ro dheireadh 2023 le tasgadh £120m mar thaic den seo air a ghairm ann an 2021.

Molaidh STPR2 tuilleadh tasgaidh gus brosnachadh cuir an sàs coimearsalta busaichean neoni-eimiseanan le leudachadh slàtan-tomhais làithreach gus cunntadh carbadan cleachdte son còmhdhail coimhearsnachd dachaigh gu sgoil. Dh'fhaodadh fàs den Mhaoin Dhùbhlain Bus Neoni Eimiseanan Albannach (ScotZEB) a bhith an luib seo.

Coileanadh prìomh amasan:

- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach
- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd

27. Atharrachadh giùlain is gluasad mòdach son frachd

Feumaidh suim chudromach frachd gluasad bho rathad gu rèile neo bùrn, is an t-astar a bhios a' siubhal air fad a ghearradh. Tha seo riatanach son Alba coileanadh a targaidean cothromachaidh carboin is cha tèid seo a choileanadh tro atharrachaidhean teicneòlais a-mhàin.

Molaidh STPR2 gun toir Riaghaltas na h-Alba ri chèile buidhnean roinn poblaich is prìobhaidich gus leasachadh lìonra frachd is logastachd carboin chothromaichte son Alba a bhrosnaicheadh gluasad gu còmhdhail frachd nas seasmhaich is èifeachdaich. An luib seo bhiodh meòrachadh chabhlaichean, carbadan-smùide frachd rèile is sàr-chleachdadh comas frachd.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

28. Carbadan neoni eimisein is eadar-ghluasad bun-structair

Còmhla ri cleachdadh a bharrachd de chòmhdhail phoblach is siubhal èasgaidh is lùghdachadh deatamach an iarrtas siubhail, 's e gluasad gu carbadan neoni eimisein prìomh phàirt de lùghdachadh eimiseanan gas an taigh-ghlainne ann an còmhdhail. Gus brosnachadh an t-atharrachadh seo gu carbadan neoni eimisein tha feum air bun-structar còmhdhail a bharrachd air feadh Alba a' cunntadh solaradh connaidh eile is lìonraidhean neartachaidh carbaid.

Molaidh STPR2 maoinicheadh cuimsichte bho Chòmhdhail Alba gus luathachadh tasgadh ann an lìonraidhean, goireasan is teicneòlasan ùra neoni eimisein. Dh'fheumadh seo cuideachd gnìomhachasan riatanach san roinn phrìobhaideach obrachadh còmhla gus co-òrdanachadh tasgadh ann an leudachadh is leasachadh na lìonraidhean solaraidh ath-neartachaidh is connaidh eile. Far a bheil e iomchaidh, dheadh Còmhdhail Alba an sàs gus taic a chur ri eadar-ghluasad ceart de lìonra nàiseanta a sholaradh comas son tursan nas fhad-astaraich.

Coileanadh prìomh amasan:

- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

A' fàs sàbhailteachd is tapaidheachd air an lìonra chòmhdhail ro-innleachdail

Cuiridh na molaidhean am broinn STPR2 ri glèidheadh is feumalachdan obrachail leantainneach tro fòcasadh air dùbhlain sònraichte co-cheangailte ris an fheum lìonra mòr-rathaid is prìomh-rathaid sàbhailt is tapaidh obrachadh.

Cumaidh Còmhdhail Alba a' measadh an lìonraidh is cuir an sàs prògram ùrachaidhean is ceuman a dhèiligeas ri sàbhailteachd (30), freagarrachadh (31) is tapaidheachd (32) gnàth-sìde. Mheòraich STPR2 na feumalachdan seo is dh'aithnich e sreath shlighean is làraichean son prìomhachas. 'S e an A83 aig Cnoc na h-Analach (Rest and Be Thankful) (29) aon làrach shònraichte a tha na prìomhachas làithreach do Riaghaltas na h-Alba dèiligeadh ri tapaidheachd.

Lùghdaicheadh molaidhean a' meòrachadh rianadh astair air prìomh rathadan (38) is lasachadh buaidh phrìomh rathadan air coimhearsnachdan ionadail (37) cunnart thubaistean is chuireadh iad ris an àrainneachd ionadail.

Cumaidh cleachdadh theicneòlasan a' cluich pàirt chudromach ann an obrachadh siostaim shàbhailte is sheasmhaich, is molaidh STPR2 taghadh cheuman cuimsichte air cruthachadh an ath ghinealach de dh'ionadan smachd (33), siostaman (34) is bun-structar (35).

Ag aithneachadh feumalachdan sònraichte a' ghnìomhachais tarraing bathair-rathaid, molaidh STPR2 ion- is ath-sgrùdadh nàiseanta de phàrcan làraidh gus dèiligeadh ri cnapan-starra a' cur maill air an leasachadh aca (36)

29. Cothrom air A83 Earra Ghàidheal

Tha sgìre is eaconamaidh Earra Ghàidheal is Bhoìd air fulaing ri linn dhùnaidhean leantainneach ris an A83 air sgàth mhaoimean-slèibhe aig Cnoc na h-Analach (Rest & Be Thankful), neo air pàirtean eile den rathad ann an Earra Ghàidheal is Bòd air sgàth thubaistean, tuiltean neo obraichean-rathaid. 'S urrainn dùnaidhean aig Cnoc na h-Analach ath-chuirtean faisg air 50 mìle adhbhrachadh do luchd-còmhnaidh, gnothachasan is luchd-tadhail. Lùghdaicheadh bun-structar ùr neo leasaichte buaidh mhaoimean-slèibhe is tachartasan eile is leasaicheadh e earbsa na slighe a tha, mar aon de dìreach dà phrìomh rathad a' ceangal Earra Ghàidheal is Bòd ri meadhan na h-Alba, a' frithealadh slighe riatainaich tro Earra Ghàidheal is na cheangal cuideachd do gach cuid rubhaichean Chinn Tìre is Chomhghaill.

Molaidh STPR2 gun cùm obair a' dol a' leasachadh slighean nas earbsaich. Chaidh trannsa miannaichte aithneachadh aig Gleann Crò is tha còig roghainnean slighe comasach air am meòrachadh le astar libhrigidh na shlat-tomhais measaidh riatanach.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

30. Leasachaidhean sàbhailteachd nam prìomh- is mòr-rathad

Tha feum air leasachaidhean sàbhailteachd air feadh nan lìonra prìomh is mòr-rathad gus cuideachadh coileanadh lèirsinn Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid gu 2030 na h-Alba gus am bi sàr-choileanadh sàbhailteachd rathadan na Cruinne aig Alba ro 2030, le amas fad-ùine de Vision Zero, far nach eil bàsan rathaid neo droch leòintean sam bith ann ro 2050. 'S e amas adhartach a th' ann son 2030 leth a dhèanamh den àireamh dhaoine air am marbhadh neo droch ghoirteachadh air rathadan na h-Alba. Lùghdaicheadh leasachaidhean sàbhailteachd cuideachd maille ceangailte ri tubaistean is leasaicheadh e earbsa slighe.

Molaidh STPR2 gun tèid leasachaidhean sàbhailteachd rathaid adhartachadh thairis lìonra nam prìomh is mòr-rathad le fòcas gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, air pàrtean dùthchail far a bheil ìre tubaistean is donad tric nas àirde. Fhad 's a dh'fheumas làrach is nàdar leasachaidhean slighean sònraichte sgrùdadh mionaideach a bharrachd, tha aon neo barrachd de leasachaidhean cinn-rathaid, leudachadh rathaid, ath-thaobhadh slighe is solaradh cothroman dol seachad dualtach a bhith am-measg seo.

Mar a tha freagarrach, 's mathaid gum bi na ceuman seo air an cuir an sàs còmhla ri, is gus taiceadh, molaidhean prìomh is mòr-rathad STPR2 ceangailte ri ùrachadh (32) is freagarrachadh atharrachadh na gnàth-sìde (31).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh slàinte is soirbheas

31. Freagarrachadh is tapaidheachd ghnàth-sìde do phrìomh is mòr rathadan

Feumaidh buaidh atharrachadh na gnàth-sìde oidhirpean a bharrachd, thairis air glèidheadh leantainneach, gus lìonra nam prìomh is mòr rathad a fhreagarrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e sàbhailt, earbsach is tapaidh do mhuinntir na h-Alba is luchd-tadhail. Tha seo a' cunntadh leasachadh cheuman gus obrachadh an lìonraidh a dhìon bho dhroch thachartasan aimsir ceangailte ri atharrachadh na gnàth-sìde mar tuiltean, maoimean-talmhainn is gaothan mòra.

Molaidh STPR2 togail air fianais làithreach gus dealbh nas motha a leasachadh de sgìrean lìonra nam prìomh is mòr-rathad as motha an cunnart maille ri linn thachartasan aimsir teachdail. Bheireadh seo bun-stèidh son aithneachadh, prìomhachadh is buileachadh leasachaidhean gus neartachadh tapaidheachd an lìonraidh. Tha e cuideachd molaichte togail air pròiseasan is planaichean làithreach gus cuideachadh lasachadh buaidh na maille bho dhroch thachartasan aimsir.

Fhad 's a tha sgrùdadh mionaideach a bharrachd a dhìth air làraich is nàdar sònraichte nan leasachadh, am-measg na ceuman a dh'fhaodadh gabhail tha leasachadh ballachan mara, ùrachadh feansan cladaich is daingneachadh seasmhachd leathadan.

Mar as freagarraich, dh'fhaodadh na ceuman seo a thoirt an co-bhonn le is son taiceadh molaidhean lìonra nam prìomh is mòr-rathadan STPR2 ceangailte ri ùrachadh (32) is leasachaidhean sàbhailteachd (30), le moladh sònraichte do Cothrom air A83 Earra Ghàidheal (29).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

32. Ùrachadh nam prìomh is mòr rathad son earbsachd, tapaidheachd is sàbhailteachd

Tha feum air pògram glèidhidh is ùrachaidh èifeachdach gus leasachadh earbsachd, tapaidheachd is sàbhailteachd lìonra nam prìomh is mòr-rathad. Feumaidh seo meòrachadh gach cuid atharrachaidhean teicneòlais is mar a chleachdas sinn an goireas nàiseanta seo.

Molaidh STPR2 tasgadh leantainneach is nas motha ann an neartachadh lìonra nam prìomh is mòr-rathadan thairis ìrean glèidhidh làithreach. Am-measg seo dh'fhaodadh cuideachd ceuman mar sgeamaichean rathaid is structair còmhla ri bun-structar taobh-rathaid eile, mar soidhneachadh is bacaidhean sàbhailteachd. Chunntadh seo leasachadh phlanaichean còmhdhail amalaichte don Ghearasdan is an A90 tro Dhùn Dè.

Mar as freagarraich, b' urrainn na ceuman seo a thoirt an co-bhonn ri agus son taiceadh molaidhean lìonra nam prìomh is mòr-rathad STPR2 ceangailte ri freagarrachadh atharrachadh na gnàth-sìde (31) is leasachaidhean sàbhailteachd (30).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

33. Ionad Smachd an Teachd-àin

34. Ùrachadh Siostam Stiùiridh Tubaist

35. Siostaman Còmhdhail Glic

Taicidh na molaidhean seo stiùireadh trafaig Chòmhdhail Alba air feadh lìonra nam mòr is prìomh-rathadan, na rathaidean glèidhte le Riaghaltas na h-Alba seach ùghdarrasan ionadail.

Cleachdaidh Ionad Smachd Nàiseanta Trafaig Alba (TSNCC) am fiosrachadh a chruinnicheas e mu obraichean-rathaid, tubaistean, dùmhachd is tachartasan aimsir gus lùghdachadh maille is leasachadh èifeachdas is sàbhailteachd obrachaidh an lìonraidh. 'S e prìomh phàirt den TSNCC an Siostam Stiùiridh Tubaist (IMS), bun-siostam bathair-bhog a thaiceas a fhreagairt ri tubaistean. Cleachdaidh Siostaman Còmhdhail Glic (ITS) bun-structar taobh-rathaid mar CCTV, làraichean lorgairean-trafaig, stèiseanan aimsir, siognail sorch is soidhnichean teachdaireachd caochlaidich gus toirt barrachd fiosrachaidh shiubhail sa bhad gus leasachadh sàbhailteachd rathaid is taiceadh sruth trafaig nas siubhlaich. 'S urrainn

buannachdan àrainneachd cuideachd a bhith an cois leasachadh stiùireadh dùmhachd is thubaistean.

Molaidh STPR2 tasgadh gus leasachadh Ionad Smachd Nàiseanta Trafaig Alba, ùrachadh IMS is leudachadh is ùrachadh ITS gus dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan làithreach is teachdail a choileanadh. Tha seo a' cunntadh làn-mheudachadh buannachdan theicneòlasan còmhhdail tùsail. Bhiodh dàta luchd-siubhail is frachd gu lèir amalichte a-staigh gu TSNCC a-rèir cothrom.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd

36. Ro-innleachd son leasachadh ghoireasan foise is math luchd-giùlain

Chuireadh solaradh phàircean làraidh urrainnich ri leasachadh sàbhailteachd rathaid, a' lùghdachadh eucoir is mòr-leasaicheadh e coir-obrach dhraibhear HG. Bidh e cuideachd a' cur stad air maill ri luchd-cleachdaidh eile ann an àitichean nach eil dealbhaichte son giùlan pàrcaidh làraidhean. 'S e goireasan foise is math pàirt riatanach de bun-structair frachd rathaid nàiseanta is eadar-nàiseanta, is mar sin 's e solaradh iad seo gu inbhe iomchaidh rud bunaitich gus dèanamh cinnteach gu bheil sèineachan-solair sàbhailte, èifeachdach is èifeachdail. Mar sin chuidicheadh leasachaidhean riutha seo cuideachd taiceadh is fàs eaconamaidh na h-Alba.

Molaidh STPR2 ion-sgrùdadh nàiseanta mionaideach de phàircean làraidh. Shealladh an t-ion-sgrùdadh dè na slighean aig a bheil beàrn san t-solar is leasachaidheadh e frèam-obrach gus freagairt bacaidhean an aghaidh an leasachadh aca, meòrachadh na seasmhachd ionmhasail aca is inbhean urrainneach a leasachadh.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

37. A' Leasachadh siubhail èasgaidh air prìomh rathadan tro choimhearsnachdan

Far an tèid prìomh rathad tro choimhearsnachd, b' urrainn ceuman a chur an sàs às leth dhaoine a' coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd. Mar eisimplir, b' urrainn leasachadh sàbhailteachd tro lùghdachadh astaran trafaig, neo leasachadh slighean-coise neo goireasan crosaidh rathaid air an neo faisg air prìomh rathad. 'S urrainn leithid cheuman leasachadh cothrom air prìomh chinn-uidh do dhaoine ionadail, a' cruthachadh chothroman sònraichte do dhaoine so-leònta a thaobh às dùnadh sòisealta leithid chiorramaich, òigridh is seann dhaoine.

Molaidh STPR2 libhrigeadh pacaid cheuman gus lùghdachadh droch bhuaidhean trafaig prìomh rathaid an coimhearsnachdan air coiseachd, cuibhleadh is rothaireachd, tàillearaichte do shuidheachaidhean ionadail is fiosraichte le sgrùdaidhean so-dhèantachd mionaideach. Mar as freagarraich, dheadh iad seo ullachadh an co-bhonn ri nàbaidheachdan ceangailte (1) is siubhail èasgaidh sgoile (8).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde

38. Plana stiùiridh astair

Mìnichidh Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid gu 2030 na h-Alba lèirsinn son sàr-shàbhailteachd rathaid na cruinne a bhith aig Alba ro 2030, le amas fad-astarach de Vision Zero far nach eil bàsan neo leòntan sam bith air rathadan Alba ro 2050.

An luib targaid eadar-amail son 2030 tha gearradh an leth an liuthad dhaoine air am marbhadh neo droch leòn air rathadan Alba. 'S e stiùireadh astair gus lùghdachadh tachartas thubaistean is ìre bhuaidh feadhainn a thachaireas prìomh phàirt den fhrèam-obrach.

'S urrainn atharrachadh mar a thèid astaran a stiùireadh cuideachd cuideachadh coileanadh thargaidean eimisein cothromachaidh charboin tro lùghdachadh caitheimh chonnaidh. 'S urrainn lùghdachadh caisg astair an coimhearsnachdan cuideachd leasachadh faireachdainn-àite is brosnachadh siubhal èasgaidh, le deagh bhuaidh air eimisineanan còmhla ri slàinte is soirbheas.

Molaidh STPR2 ath-sgrùdadh nàiseanta gus stèidheachadh caisg astair iomchaidh air diofar seòrsa rathaid am broinn Alba. Mheòraicheadh am plana taghadh cheuman leithid stiùireadh astair air mòr-rathadan, caisg-astair tro obraichean-rathaid is clachain dùthchail air prìomh rathadan, lùghdachadh caisg astair an àrainneachdan bailteil is àitichean còmhnaidh còmhla ri meòrachadh de chaisg astair nàiseanta son Carbadan Bathair Mòra os cionn 7.5 tunnaichean air lìonra nam prìomh-rathad. Dh'fhaodadh gu feumadh iad seo atharrachaidhean mòra ri einnseanaireachd, co-èigneachadh is foghlam. Dheadh am moladh seo an comain le moladh atharrachadh giùlain luchd-cleachdaidh rathaid (7).

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

A' neartachadh cheanglaichean ro-innleachdail

Tha e cudromach gun tèid ceanglaichean fad-astarach a ghlèidheadh gus siubhail am broinn is tarsainn crìochan Alba a dhèanamh comasach. Tha mòran den lionra ro-innleachdail stiùirichte le Còmhdhail Alba às leth Mhinistearan Albannach is mar sin tha e freagarrach do STPR2 àireamh mholaidhean a dhèanamh san àite seo. Cuideachd tha e buntainneach is cudromach gun aithnich STPR2 àite comais-cheangail ann an taiceadh nan leasachadh nàiseanta molaichte anns an dreachd Cheathramh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4), is ann a bhith a' comasachadh gluasadan luchd-siubhail is frachd tro ar prìomh bhealaichean.

Dèiligidh molaidhean (39) is (40) ri cothroman ceangailte ri ruigsinneachd dhà de nam bealach as cudromaich, is aithnichte ann an leasachaidhean nàiseanta an dreachd NPF4, Inbhir Ghrainnse is an t-Sròn Reamhar.

Ag aithneachadh feumalachdan coimhearsnachdan eileanach ceanglaichean earsbach fhaighinn gu tìr mòr, molaidh STPR2 tasgadh ann am bun-structair puirt (42) is rannsachadh ceanglaichean lince stèidhichte a b' urrainn a bhith aig Caolasan na Hearadh is Bharraigh, is eadar Muile is mòr-thìr na h-Alba (41).

Ag aithneachadh àite cudromach rèile ann an comasachadh slighe nas fhad-astaraich, tha trì molaidhean aig STPR2. An luib seo tha leasachadh leantainneach prìomh stèiseanan rèile an Dùn Èideann, Glaschu, Peairt is Inbhir Nis (43), a' luamhan tasgadh ann an cinn-uidh frachd rèile teachdail (44), is Còmhdhail Alba cumail orra ag obair le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte gus toirt air adhart ceanglaichean rèile àrd-astarach tar-chrìochail (45).

39. Cothrom Seasmhach air Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghrainnse

Ann an Sgìre Thasgaidh Inbhir Ghrainnse tha bun-structar cudromach, cosnadh àrd-luach is saothrachadh stuthan a tha an-dràsta riatanach do bheatha làitheil.

Leis gu lean an obair seo san fhad-astar, feumaidh an sgìre dì-charbonachadh a shireadh gus cuir ris an lùghdachadh mhòr de dh'eimiseanan charboin gnìomhachais a tha a dhìth gus coileanadh targaidean cothromachaidh charboin na h-Alba. Chuireadh ro-innleachd ruigsinneachd chòmhdhail seasmhaich ris an amas seo.

Molaidh STPR2 leasachaidhean a dhèanamh ri còmhdhail a leasaicheadh cothrom seasmhach air Sgìre Thasgaidh Inbhir Ghrainnse gach cuid do dhaoine is frachd. Chunntadh seo siubhal èasgaidh is ceanglaichean bus leasaichte a dh'Inbhir Grainnse à prìomh àitichean, a' cunntadh bailtean is stèiseanan mu thimcheall, còmhla ri ceuman frachd.

Coileanadh prìomh amasan:

- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd

40. Cothrom air an t-Sròn Reamhar is puirt aig Càrn Rìoghain

'S e an t-Sròn Reamhar is puirt Chàirn Rìoghain bealach cudromach a dh'Alba son luchd-siubhail is frachd aiseig. Thaicadh leasachadh goireasan còmhdhail san àite seo ath-ghinealachadh Iar-dheas na h-Alba le buannachd don eaconamaidh is coimhearsnachdan ionadail.

Molaidh STPR2 gun tèid leasachaidhean sàbhailteachd, tapaidheachd is earbsachd a dhèanamh air trannsan rathaid ro-innleachdail A75 is A77, aig an aon àm a' taicadh chothroman cruthachaidh-àite. Chunntadh seo, gun a bhith cuingealaichte ri, leasachadh chothrom dol seachad, leudachadh neo ath-thaobhadh rathadan is leasachadh chroisean-rathaid. Gus brosnachadh barrachd cleachdaidh de chòmhdhail phoblach is comasachadh gnìomhan ath-ghinealachaidh, dheadh cuideachd meòrachadh a dhèanamh air ùrachadh neo ath-shuidheachadh an stèisean rèile san t-Sròn Reamhar.

Bheireadh iad seo ceanglaichean nas tapaidh gu leasachaidhean nàiseanta an dreachd NPF4 aig bealach na Sròn Reamhaire, Ath-leasachadh Stèisean Cumhachd Chrois na Cille is puirt Chàirn Rìoghain.

Coileanadh prìomh amasan:

- Taicadh fàs eaconamach seasmhach
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd

41. Comas cheanglaichean stèidhichte Chaolas na Hearadh, Bharraigh is ceangal stèidhichte eadar Muile is Mòr-thìr na h-Alba

Tha àireamh dhùbhlain mu choinneamh slighean aiseig làithreach Chaolas na Hearadh, Chaolas Bharraigh is eadar Creag an Iubhair is an t-Òban. Leasaicheadh atharrachadh seirbheisean aiseig le ceanglaichean stèidhichte (drochaidean neo tunailean) earbsachd, comas-ceangail, comas is ùine chrosaidh. Leasaicheadh ceangal stèidhichte Chaolas na Hearadh comas-ceangail eadar Uibhist is Leòdhas/na Hearadh fhad 's a leasaicheadh ceangal stèidhichte Chaolas Bharraigh comas-ceangail eadar Barraigh is Uibhist.

Leigeadh solaradh nan ceangal stèidhichte seo solaradh còmhdhail eadar na h-Eileanan Siar is tìr mòr a bhith air ath-rèiteachadh.

Leigeadh ceangal stèidhichte eadar Muile is mòr-thìr na h-Alba solar còmhdhail eadar an eilean is tìr mòr a bhith air ath-rèiteachadh.

Molaidh STPR2 obair a bharrachd air cùisean gnothachais gus tuigse nas fheàrr na buannachdan, cosgaisean is dùbhlain an luib nan roghainnean seo. Mheòraicheadh na sgrùdaidhean seo ion-dhèantachd atharrachadh sheirbheisean aiseig an-dràsta air an lìbhrigeadh le CalMac mar phàirt den chùmhnant Sheirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall

(CHFS). Dheimhinneachadh na sgrùdaidhean seo cuideachd na sàbhailidhean a dh'fhaodadh a bhith an luib na taic-airgid roinn poblaich a dhìth gus obrachadh na seirbheisean aiseig is bhiodh fios-a-steach bho choimhearsnachdan air am b' urrainn buaidh a bhith na phàirt de seo.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd

42. Tasgadh ann am bun-structar puirt gus taiceadh ùrachadh, atharrachadh is dì-charbonachadh adhartach shoithichean

Gus comasachadh ùrachadh is atharrachadh shoithichean aiseig is dì-charbonachadh adhartach shoithichean Sheirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS) is Sheirbheisean Aiseig nan Eilean Tuath (NIFS) (24), bhiodh tasgadh ceangailte ann am bun-structar puirt a dhìth. Chuidicheadh seo coinneachadh feumalachdan coimhearsnachdan dùthchail is eileanach tro leasachadh comais, tapaidheachd, earbsachd is ruigsinneachd sheirbheisean aiseig. Tha tasgadh ann am bun-structair puirt a' ciallachadh gun urrainn adhartas a bhith ann gu stannardachadh shoithichean ùra. Chuireadh an tasgadh seo cuideachd ri lùghdachadh eimiseanan air feadh lìonra nan aiseag a' taiceadh targaidean cothromachaidh charboin na h-Alba.

Molaidh STPR2 prògram tasgaidh ann am bun-structar puirt, a' cunntadh solaran cumhachd, gus taiceadh moladh STPR2 (24) ùrachadh is atharrachadh shoithichean Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS) is Seirbheis Aiseig nan Eilean Tuath (NIFS) a' cunntadh dì-charbonachadh adhartach ro 2045.

Coileanadh prìomh amasan:

- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-side
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Aithneachadh neo-ionannachdan is ruigsinneachd

43. Maighstir-phlanaichean mòr-stèiseanan

Dh'aithnich Network Rail, iomairt na RA le dleastanas son leasachadh is glèidheadh bun-structair rèile, cuingealachdan comais aig ceithir prìomh stèisean, Dùn Èideann Waverley, Meadhan Ghlaschu, Peairt is Inbhir Nis. Tha sgrùdaidhean a' leantainn gus adhartachadh phlanaichean a' meòrachadh ciamar as urrainn ath-dhealbhadh nan stèisean buannachdan sònraichte a lìbhrigeadh.

Molaidh STPR2 gu bheil planaichean is maighstir-phlanaichean stèiseanan air adhartachadh gus taobhadh le is taiceadh prìomhachasan tasgaidh Còmhhdail Alba is Network Rail.

Coileanadh prìomh amasan:

- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach

44. Cinn-uidhe is goireasan frachd rèile

Tha solaradh gu leòr de chinn-uidhe frachd rèile riatanach gus coileanadh gluasad mòra de fhrachd bho rathad gu rèile. Leasaicheadh e farpaiseachd sèine-sholair na h-Alba is chuidicheadh e taiceadh gluasad frachd bho rathad gu rèile.

Tha frachd rèile ag obair air bunait choimeirsealta is air a lìbhrigeadh tro chòmpanaidhean obrachaidh frachd na roinne prìobhaidich is solaran logastachd. 'S e àite an Riaghaltais a bhith a' cur poileasaidhean is ro-innleachdan an àite gus fàs a dhèanamh comasach (le Network Rail a' stiùireadh prìomh bun-structar rèile is mar riaghladair a' riaghladh gèilleadh, sàbhailteachd is a' cur a-mach cheadan).

Molaidh STPR2 gun taicich Còmhdhail Alba com-pàirtichean gnìomhachais ann a bhith a' dèanamh sgrùdadh margaidh ùr son fàs frachd rèile an Alba (ceangailte ris a' phlana fàs gnìomhachais 2019) a' cunntadh ath-sgrùdadh de chinn-uidh/hubaichean frachd rèile gus dearbhadh ciamar a choinnicheas ri feumalachdan sioft-mhòdach fad-ùine.

Coileanadh prìomh amasan:

- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd

45. Leasachain rèile àird-astair is tar-chrìochail

Dhèanadh ùrachaidhean bun-structair gus astaran nas àirde a leigeil air slighean tar-chrìochail e comasach ùineachan nas giorra fhaighinn a Lunnainn is prìomh chinn-uidh eile. Bhrosnaicheadh seo gluasad bho adhar gu rèile son siubhail nas fhad-astaraich is thaiceadh e geallaidhean cothromachaidh charboin na h-Alba. Dh'fhosgladh na leasachaidhean seo cuideachd comas son seirbheisean leasaichte son luchd-siubhail is frachd sgìreil.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmhdhail Alba ag obair gu dlùth le Riaghaltas na RA gus toirt air adhart prògram ùrachaidhean air-loidhne is às-loidhne bun-structair cuimsichte air slighean tar-chrìochail nas fhad-astaraich. Solaraidh iad seo seirbheisean luchd-siubhail nas luaithe is comas is earbsachd a bharrachd do fhrachd.

Coileanadh prìomh amasan:

- Leasachadh sàbhailteachd is/neo tapaidheachd
- Taiceadh fàs eaconamach seasmhach
- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-sìde
- Aithneachadh neo-ionnanachdan is ruigsinneachd
- Leasachadh slàinte is soirbheas

5. Tha ur fios-air-ais cudromach

Tha an dreachd Aithisg STPR2 (Faoi 2022) a’ cur mholaidhean na h-Ìre 1 a chaidh fhoilliseachadh sa Ghearran 2021, a tha nam molaidhean goirid-ùine, ris na molaidhean nas fhaide-ùineach. Mar sin bheir seo làn thaghadh mholaidhean son tasgadh còmhdhail na h-ath 20 bliadhna son co-chomhairleachadh.”

Fhad ’s a tha am pròiseas measaidh air a bhith calma le co-obrachadh farsaing eadar luchd-ùidhe, ’s iad seo dreachd mholaidhean seach liosta deireannach. Tha fhathast rùm ann son gleansadh is cuir ris.

Tha ur fios-air-ais cudromach leis gum bi buaidh aig molaidhean STPR2 air roghainnean còmhdhail is taghaidhean còmhdhail a nì sinn san ath 20 bliadhna.

Gheibhear an co-chomhairleachadh poblach aig portal co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba www.consult.gov is gheibhear lethbhreac cruaidh a-rèir iarrais.

’S e an aithisg gheàrr-chunntais seo pàirt de shreath rudan a’ cunntadh:

- An Dreachd Aithisg Theicnigich
- Am Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA) Dreachd Aithisg Àrainneachdail
- Dreachd Aithisg Measadh Buaidhe Ionnanachd
- Dreachd Aithisg Measadh Buaidhe Choimhearsnachdan Eileanach
- Dreachd Aithisg Measadh Dleastanas Alba nas Cothromaich
- Dreachd Aithisg Measadh Buaidhe Còraichean is Soirbheas Cloinne
- Dreachd Aithisg Measadh Riaghaidhean Bith-àrainnean
- Duilleagan pròiseact didseatach air-loidhne a leigeas le luchd-cleachdaidh cothrom fhaighinn air fiosrachadh a chuir ris an dreachd mholaidhean.

’S urrainn na stuthan seo is am portal co-chomhairleachaidh fhaighinn air làraich-lìn Còmhdhail Alba.

Cuiridh freagairt co-chomhairle fios ris an Aithisg STPR2 dheireannach, a bhios na bhonn fhianais son taghaidhean cosgais teachdail air tasgadh còmhdhail ro-innleachdail le Ministearan Albannach gu 2042, is a’ fiosrachadh leasachadh planaichean libhrigidh tasgadh còmhdhail teachdail.

Làrach-lìn: transport.gov.scot/stpr2

Seòladh:

Co-chomhairleachadh STPR2
AECOM
120 Sràid Bhoth Chluaidh
Glaschu,
G2 7JS
An Rìoghachd Aonaichte

Post-d: Consultation@stpr2surveys.co.uk

Fòn: 0330 122 1369

© Copyright 2022 Jacobs UK Ltd and AECOM Limited. The concepts and information contained in this document are the property of Jacobs and AECOM. Use or copying of this document in whole or in part without the written permission of Jacobs and AECOM constitutes an infringement of copyright.

Limitation: This document has been prepared on behalf of, and for the exclusive use of Jacobs' and AECOM's client, and is subject to, and issued in accordance with, the provisions of the contract between Jacobs, AECOM and the client. Jacobs and AECOM accept no liability or responsibility whatsoever for, or in respect of, any use of, or reliance upon, this document by any third party.